



<b>TIOTAL-OBACH</b>	Luchd-ealain air Muinntireas
<b>ROINN</b>	Tobar an Dualchais
<b>AN URRA RI</b>	Stiùiriche Tobar an Dualchais
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	£22,345-£25,576 (pro rata)
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Àite sam bith ann an Alba

### PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

A bhith ag obair mar thosgairan airson làrach-lìn Tobar an Dualchais a-measg luchd-ealain, luchd-teagaisg agus sgoilearan; aig an aon àm a' cur ris an eòlas aca fhèin air na cruinneachaidhean a tha an lùib Tobar an Dualchais agus a' cuideachadh le bhith a' leasachadh na làraich-lìn. Thathar a' sùileachadh cuideachd gum bi an luchd-ealain a' cruthachadh phròiseactan còmhla ri chèile agus còmhla ri luchd-ealain eile.

Thèid aon dreuchd a thairgsinn do neach a tha ag obair sa Ghàidhlig agus an dreuchd eile do chuideigin a tha ag obair ann an Albais.

### PRÌOMH UALLAICHEAN

Bidh an obair gu math sùbailte agus a' crochadh gu mòr air na sgilean a bhios aig an luchd-ealain fhèin ach tha eiseimplearan gu h-ìosal air cuid de na rudan a dh'fhaodadh a bhith an lùib na h-obrach.

#### A' brosnachadh cleachdadh Tobar an Dualchais a-measg luchd-ealain, m.e:

- A' toirt am follais làrach-lìn Tobar an Dualchais agus a' brosnachadh luchd-ciùil agus luchd-ealain eile gu bhith a' dèanamh barrachd feum dheth
- A' cur air dòigh phròiseactan no tachartasan stèidhichte air Tobar an Dualchais
- A' cleachdadh Tobar an Dualchais anns an obair aca fhèin (me. clàraidhean, consairtean no teagasg)

#### A' brosnachadh cleachdadh Tobar an Dualchais ann am foghlam, m.e:

- A' toirt am follais làrach-lìn Tobar an Dualchais agus a' brosnachadh luchd-teagaisg gu bhith a' dèanamh barrachd feum dheth
- A' cur air dòigh bhuthan-obrach airson luchd-teagaisg is sgoilearan aig diofar ìrean
- A' cuideachadh ann a bhith a' deasachadh stuthan-teagaisg airson sgoiltean

#### A' cur ris an làrach-lìn

- Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach catalogadh, indecsadh no deasachadh stuthan ùra airson na làraich no a bhith a' cuideachadh le leasachadh na làraich ann an dòighean eile

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

### Fiosrachadh Cudromach Eile:

- Ged a tha Tobar an Dualchais stèidhichte air Sabhal Mòr Ostaig, cha leig an luchd-ealain a leas a bhith stèidhichte an seo agus tha cothrom ann a bhith ag obair ann an àite sam bith ann an Alba.
- Bithear ag obair mu 70 latha eadar am Màrt agus an Dùbhlachd 2012. Tha an obair seo gu math sùbailte agus tha cothrom na làithean obrachadh ann an diofar dhòighean, me dà latha san t-seachdain airson 35 seachdain no aig diofar amannan tron bhliadhna.
- Thèid cùmhnantan-obrach a thairgsinn tro Sabhal Mòr Ostaig. Dh'fhaodadh cothrom a bhith ann a bhith ag obair air do cheann fhèin an àite bhith nad neach-obrach.
- Bidh agaibh ri dhol tro sgrùdadh Disclosure agus thèid iarraidh air teisteanasan.
- Bidh agaibh ri beagan siubhail a dhèanamh an lùib na h-obrach, me a' frithealadh thachartasan, bhithan-obrach is eile.
- Tha Sònrachadh Pearsa air an ath dhuilleig.

### Iarrtasan:

Tillibh am foirm-iarrtais agaibh gu:

Mairead Dhòmhnallach  
Tobar an Dualchais  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8QR  
No air post-d gu [sm02md@uhi.ac.uk](mailto:sm02md@uhi.ac.uk)

**Ceann-là airson iarrtasan: Dihaoine 10 Gearran**

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

**Luchd-ealain air muinntireas (Gàidhlig): Sònrachadh Pearsa**

	Riatanach	Feumail
Teisteanasan		Teisteanas ann an cuspair a tha a' gabhail a-steach traidisean na Gàidhlig no traidisean Albannach.  Cead-dràibhidh
Eòlas	<p>Fileantachd sa Ghàidhlig, gach cuid labhairt, leughadh agus sgrìobhadh.</p> <p>Fìor eòlas air co-dhiù aon de na h-ealain traidiseanta (ceòl, òrain no sgeulachdan) a tha a' nochdadh air Tobar an Dualchais.</p> <p>Eòlas air làrach-lìn Tobar an Dualchais.</p> <p>Eòlas air a bhith ag obair còmhla ri luchd-ealain eile no ann am foghlam.</p>	Eòlas gu ìre air traidisean Albais.
Comasan agus Sgilean	<p>Comas obair a phlanaigeadh agus prìomhachasan a shònrachadh.</p> <p>Eòlas coimpiutearachd àbhaisteach</p>	<p>Comas obair a dhèanamh ann an catalogadh, indecsadh no deasachadh.</p> <p>Comas a bhith a' cur ri leudachadh na làraich ann an diofar dhòighean.</p>
Comasan Pearsanta	<p>Dealas airson cleachdadh Tobar an Dualchais a leudachadh</p> <p>Deagh sgilean conaltraidh agus eadar-pearsanta aig a h-uile ìre</p> <p>Comas obrachadh leibh fhèin</p> <p>Comas obrachadh ann an sgioba.</p> <p>Deònach a bhith a' siubhail gu tachartasan nuair a bhios sin iomchaidh</p>	

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*